



# Fèill na sgoile



Lynne Burgess • Anne Parsons

# Fèill na sgoile




Fèill na sgoile

An teacsa Lynne Burgess  
Na dealbhan Anne Parsons  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Anna agus Dòmhnull aig fèill na sgoile.  
Thug Dòmhnull leis Spike, an cù.  
Bha màthair agus athair Dhòmhnaill  
a' cuideachadh aig an fhèill.



"Tha mise ag iarraidh na geamannan  
uile a chluich," arsa Dòmhnull.  
"Tha agus mise," ars Anna.  
"Ach chan fhaod Spike tighinn."  
Chuir Dòmhnull feiste Spike air post na feansa.  
"Cù còir, Spike," thuirt Dòmhnull.



Chaidh Dòmhnaill agus Anna  
a chluich geama.

“Dè bhios sinn a’ dèanamh an seo?”  
dh’fhaighnich Dòmhnaill.

“Feumaidh tu tunnag a ghlacadh,”  
thuirt athair Dhòmhnaill.




Dh’fheuch Dòmhnaill ri tunnag a ghlacadh.  
Dh’fheuch agus dh’fheuch e  
ach cha b’ urrainn dha tunnag a ghlacadh.



Dh'fheuch Anna an uair sin.

“Seall an tunnag agam,” thuirt i le gaire.

“Dè an duais airson tunnag a ghlacadh?”



“Siud thu Anna,” thuirt athair Dhòmhnaill  
agus thug e càr beag dearg dhi.

“Seall a Dhòmhnaill,” ars Anna.

“Tha càr beag dearg agamsa.”

Bha Dòmhnall brònach.

“Tha mise ag iarraidh càr beag dearg mar sin,”  
thuirt e.



“Trobhad agus cluichidh sinn an geama seo a-nis,” thuirt Anna.

“Dè bhios sinn a’ dèanamh an seo?”  
dh’fhaighnich Dòmhnaill.

“Feumaidh tu cearcall a chur timcheall air còn,”  
thuirt màthair Dhòmhnaill.



Dh’fheuch Dòmhnaill ri cearcall a chur timcheall air còn.



Dh’fheuch e agus dh’fheuch e ach cha b’ urrainn dha cearcall a chur timcheall air còn.



Dh'fheuch Anna an uair sin.

Dh'fheuch agus dh'fheuch i.

Chaidh aon dhe na ceardaill suas, suas  
agus thàinig e nuas air muin còn.




“Siud thu Anna,” thuirt màthair Dhòmhnaill  
agus thug i càr beag gorm dhi.

“Seall a Dhòmhnaill, tha càr beag gorm  
agam a-nis,” thuirt Anna.

Bha Dòmhnaill brònach.

“Chòrdadh càr riomsa cuideachd,”  
thuirt Dòmhnaill.




“Trobhad agus cluichidh sinn an geama ud,” thuirt Anna.

“Faodaidh tusa cluich,” arsa Dòmhnull.

“Chan eil mise ag iarraidh cluich.

Tha mi ag iarraidh dhachaigh.

Gheibh mi Spike.”



Chaidh Dòmhnull a-null chun na feansa.

Bha Spike an sin. Ach a-nis bha aon ... dhà ... trì ... ceithir ... còig ... sia coin ann.



Leum Spike suas agus sìos nuair a chunnaic e Dòmhnull.

“O, Spike!” arsa Dòmhnull.

“Dè tha agad an sin?”

Bha ròs mòr air coilear Spike.



“Fhuair Spike duais a’ choin bu mhotha aig an fhèill,” ars an tidsear.

Thug i bogsa mòr do Dhòmhnull.

“Sin an duais agadsa,” thuirt an tidsear.



Dh'fhosgail Dòmhnaill am bogsa cho luath  
is a b' urrainn dha.

"Seall Anna," thuirt e le gaire.

"Fhuair mise càr mòr dearg.

Nach b' e Spike am balach!"

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordans Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Lynne Burgess 1996

A' chiod foillseachadh 1996

2005 2004 2003 2002 2001  
10 9 8 7 6

A' Ghàidhlig Anna NicDhomhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tho riocadhachta  
air MRG. Na còraichean uile glèidhde. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
oth-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann  
Gheibhearr clàr-catalogaich airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann

Tha Lynne Burgess a' deasadh còir mhoralta airson a bhith air a comhorragadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clo-bhualte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 670 8